# Clach An Carn an Domhnallaich

for St. Francis of Rome

BEATON INSTITUTE
EACHDRAIDH
ARCHIVES
COLLEGE OF CAPE BRETON

GAELIC
MG6, 63

Se'n Domhnallach urramach,
An Sealadair curanta
A thainig oirnn thar saile
'S gu'm b'fhearr leam gu'n d'fhuirich e,

Ged bha'n t-side reota
'S an deigh sa Chaol gu leir dhith
Gu'n d'thainig thu thu sa gheola
Gun seal gus do Chuideachadh,

~~Nuair chur thu air an t-sail i~~
'Sa shuidh thu le da ramh oirr'
Bha h-aisinean a ranaich
Nuair tharneadh tu s bhuill' oirre

Gun Shaoil nach do Chuairtich
S'n rudha Nuair a Chuala mi
Sloistreadh aig na stuaghan
Ga bualadh nuair thumadh i.

S tu fein a rinn Shomh fuasglaidh
Nuair bha mi anns a Chruaidh-chas
'Sa thainig thu le gual Shomh —
Cha ghluaiseadh a h-uile fear.

Gu'n Cuir mi fios gu Borden
Mur b'e thu gu'n do reoth mi
'S mur Cuir e ugad Eobhran
Cha bhot Mise tuilleadh leis.

Riabh o'n fhuair mi d'eolas
Gu'n robh sinn daonnan Cordte
Ged 's tric a bhomaid Comhla
'Sa dh'olamaid drughagan.

St St Francis of Rome

GAELIC

Nan d' rinn thu againn Ceilidh
Bhiodh againn pailteas leughaidh
An Gaidhlig is am Beurla —
Gun teid mise an urras dhuit,

Nuair theannamaid ri Comhradh
Bhiodh againn Caithream sporsail,
'S as deigh sin bhiodh orain
Mar cheol dhuinn is luinneagan.

~~Cha leig mi chaidhche air dio chuimhn~~
Gach caoimhneas 'Sheall thu riamh dhomh
Gus an laidh mo ghrian
'S an tig Criach air mo thurus-sa

Gu'm bheil mi ann an dochas
Nach fada gus am pos thu
'S gu'm faigh thu'n te is boidhche
Tha beo measg nan Cruinneagan,

Cha ghabh thu te bhios leomach
No idir te bhios ropach
No te bhios na deiridh
Gun treoir gus do Chuideachadh,

Se ghebh thu te bhios daicheal
Bhios leathann falainn ladair
Is ged nach biodh ard
'S ann is fhearr ann an tubaidh i.

Te a ni do bhiadh dhuit
Gu ullamh sallamh iasgaidh
Nuair thig thu o'n iasgach
'S deadh briathran cur furan ort.

So agaibh an t-oran a gheall mi dhuibh.
An dochas gu'm bheil sibh gu fallain,
Aonghas

BEATON INSTITUTE
EACHDRAIDH ARCHIVES
COLLEGE OF CAPE BRETON